

Comataidh Inbhean MG ALBA

BBC, Pacific Quay, Glaschu

Diluain 11 Gearran 2019, 1030-1330

Dreach geàrr-chunntas

Buill: Iain Stephen Moireasdan (*sa Chathair*) Jo NicDhòmhnaill
Calum MacFhearghais

Luchd-obrach: Dòmhnull Caimbeul (*An t-Àrd-Oifigear*)
Iseabail Nic an t-Sagairt (*Stiùiriche Ro-innleachd is Co-bhanntachd*)
Bill MacLeod (*Deasaiche Coimiseanaidh*) - airson puing 6
Mairi Anna NicAonghais (*a' gabhail nòtaichean*)

An làthair: Mairead Màiri Mhoireach (*Ceannard Seirbheis*)
Chris Young (*Young Films*) – airson puing 6a

1. Leisgeulan

Ailean Dòmhnullach.

2. Gnothach Dearbhte

Dh'innis Calum MacFhearghais gu robh e air obair a dhèanamh air bhidiothan goirid mu bhall-choise airson LearnGaelic.

3. Geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh: 13/11/18

Aontaichte.

4. Gnothaichean ag èirigh

LearnGaelic – chaidh innse gu robh còmhradh air a bhith ann le Bòrd na Gàidhlig mu bhith a' fastadh Manaidsear Ionnsachaidh. Ann am prionnsabal tha BnaG ceart gu leòr le cùisean ach thèid an tuilleadh còmhraidi a dhèanamh gus rudan a thoirt gu buil. Chaidh innse cuideachd gu robh pàipear air beulaibh bòrd taobh a-staigh a' BhBC an ceartuair co-cheangailte ri bhith a' fastadh Leas-dheasaike Ionnsachaidh, le dòchas gum biodh co-dhùnad ann taobh a-staigh na bliadhna ionmhais seo. Thèid fios às ùr mun seo air beulaibh a' bhùird. (Gniomh: MAMI)

Chaidh innse gu robh ùrachadh làrach LearnGaelic a' dol gu math le dùil gum bi gnothaichean ullamh agus foillsichte as t-samhradh.

Broadcast Content Fund Alba Chruthachail/BFI Young Audience Content (YAC) Fund – chaidh innse gun deach cuairt coimseanaidh airson beachdan dràma clann aois 6-12 a-mach ron Nollaig agus gun deach dà bheachd a thaghadh a-mach à 12 tagradh, airson litir taic, gus an rachadh iad air adhart airson taic-leasachaidh. Tha am BBC air a bhith a' cnuasachadh an t-àite a th' aig am BBC a thaobh maoin am BFI YAC Fund. Cha bhi am BBC fhèin a' gabhail pàirt. Tha sin na bhacadh air BBC Gàidhlig (air cùl aon de na beachdan soirbheachail). Ach chaidh a dhearbhadh leis a' BhBC nach bi bacadh ann do BhBC ALBA a bhith a' craoladh stuth eile air a mhaoineachadh tron BFI.

Speakgaelic – chaidh innse gu robhas air freagairt fhaighinn bho Stiùiriche Nàiseanan agus Roinnean a' BhBC, a' moladh gun deigheadh com-pàirtean le ùidh a chuir an sàs còmhla gus an iomairt seo a thoirt gu buil. Thèid seo a dheasbad aig Bòrd na Co-bhanntachd agus aig a' Bhòrd.

5. Lèirmheas na ràithe mu dheireadh agus sùil air adhart

Bha pàipear air beulaibh bhall a' mìneachadh nan raointean-obrach a leanas: BBC ALBA; na meadhanan didseatach; Lèirsinn 2021; trèanadh, sgilean & tàlant agus luchd-amais. A thuilleadh air an sin, bha fiosrachadh air beulaibh bhall mu fios air ais bhon Phannal Gàidhlig airson àm na Nollaig agus na Bliadhna' Ùire, Plana Bhliadhnaile Co-bhanntachd BBC ALBA agus clàr-ama airson seanail YouTube a chuir air chois. Thug an Stiùiriche Ro-innleachd is Co-bhanntachd iomradh orra.

BBC ALBA - chaidh deasbad a chumail mu àireamhan an luchd-coimhid. Chaidh aithneachadh a dhèanamh nuair a bha comadaidh, dràma agus prògraman beò dhan craoladh gu robh na h-àireamhan na b' àirde. Chaidh còmhradh a dhèanamh mun tuiteam ann an àireamhan luchd-coimhid na naidheachdan agus chaidh aontachadh gun deigheadh ceist a chuir air a' phannal. (Gníomh: IMT). Chaidh prògraman na Nollaig agus prògraman mu na h-lolaire a chomharrachadh agus chaidh moladh a thoirt don h-uile duine a bha an sàs annta.

Na meadhanan sòisealta – thog buill an cothrom a dh'fhaodadh a bhith an cois Instagram Stories air ùrlar Instagram is chaidh ceist a chuir mun ro-innleachd a thaobh Instagram Stories. Tillidh oifigearan le barrachd fios. (Gníomh: IMT)

Chaidh fàs sna h-àireamhan a chomharrachadh agus chaidh fàilte a chuir air iomairt stuthan fèin-cruthaichte.

6a. Dràma – taisbeanadh bho Young Films

Chaidh fàilte a chuir air Chris Young bho Young Films chun choinneimh. Chunnacas taisbeanadh a' mìneachadh na tha Bannan air a lìbhrigeadh dhan luchd-coimhid agus dìleab sgilean teicnigeach agus sgrìobhaidh; amasan Young Films; seallaidean air suidheachadh dràma Tbh na h-Alba agus àite dràma Gàidhlig san cho-theacsa sin; leasachadh tàlant agus taic airson riochdachadh cànan dùthchasail.

Chaidh a chomharrachadh cho cudromach 's a bha e gun tèid an fheum as fheàrr a dhèanamh bho cho-bhanntachdan ro-innleachdail le Alba Chruthachail.

Chaidh taing a' Chomataidh a bhuleachadh air Chris Young airson an taisbeanadh inntinneach.

6b. Còmhradh mu dhràma san fharsaingeachd

Bha pàipear air beulaibh bhall a' mìneachadh clàr-ama Sgioba Phrògraman na seanail a thaobh co-dhùnadh air dè thig an dèidh don phasgan seo de mhaoineachadh airson Bannan a thiginn gu crìoch ann an 2021.

Chaidh deasbad a chumail agus bha aonta ann gu robh tòrr diofar nithean ri smaoineachadh mu dheidhinn mus bi fios air an t-slighe air adhart. Thig pàipear nas cinntiche air beulaibh na Comataidh a dh'aithghearr, is bidh na diofair eileamaidean rin tomhas air an comharrachadh, nam measg: luach cruthachail nam beachd, feumalachdan an luchd-coimhid, luach brannd, dìleab Bhannan a thaobh sgrìobhaidh/stiùirichean/luchd-gearraidh is luchd-cùird eile, luach meud (an taca ri one-offs), comas companaidhean, agus luach airgid leasachaidh (gu ruige seo bho Riaghaltas na h-Alba airson Bannan). (Gníomh: IMT)

Le dràma riatanach sa chlàr gu seach àraid airson luchd-coimhid òga, chaidh iomradh a thoirt air iomairtean dràma eile a bha a' dol an ceartuair, eadar Sgeama an EBU agus Dràma Cèine. Chaidh fàilte a chuir air na h-uiread de bheachdan a thàinig a-steach fo chuairean coimeasanaidh eadar-dhealaichte (Cuart Coimeasnaidh airson pròiseactan leasachaidh 2018/2019 airson Drama chloinne/Comadaidh). Cumaidh obair a' dol an fheadhainn as soirbheachail a thoirt gu buil. Chaidh iomradh a dhèanamh air dràma cèine agus an ro-innleachd air cùlaibh seo - stuthan mion-chànan agus/no aig an robh dàimh chultarach le luchd-coimhid na seanail. Chaidh fàilte a chuir air na h-iomairtean seo air fad.

7. Gàidhlig ann am prògraman

Bha pàipear air beulaibh bhall agus chaidh deasbad a chumail.

Chaidh a mhìneachadh nach eil poileasaidh na buidhne air atharrachadh bho 2015. Bha fiosrachadh air beulaibh bhall a' sealltainn fianais TRP thar 2018 co-cheangailte ri beachd luchd-coimhid mun ìre de Ghàidhlig labhairte ann am prògraman, le àrdachadh air a thighinn air a' mheasadh sin leis an luchd-coimhid.

Bha aon bhall den bheachd pearsanta gu robh piseach air tighinn air an ìre de Ghàidhlig ann am prògraman agus gu robh faireachdainn ann gu robh na companaidhean riochdachaidh anis a' toirt aithne agus àite nas mothà do Ghàidhlig.

Bha buill riaraichte nach robh feum air a' chòrr rannsachadh mionaideach a dhèanamh aig an ìre seo.

8. Trèanadh

Bha pàipear air beulaibh bhall agus chaidh deasbad a chumail.

Le amas ann an Lèirsinn 2021 a bhith a' togail comas nan riochdairean a thaobh na Gàidhlig, chaidh innse mu na diofar iomairtean a bha a' dol le na riochdairean eadar-dhealaichte.

Chaidh a chomharrachadh, a thuilleadh air an càrsa Gàidhlig a bha ga chuir air dòigh airson cuid a riochdairean, dh'fhaodadh gum biodh taic leantainneach a dhith.

A thuilleadh air sgilean Gàidhlig, chaidh innse mu na prìomhachasan ro-innleachdail co-cheangailte ri a) sgilean gearraidh, stiùiridh agus obraichean eile adhartachadh.; obair a bha a'

leantainn le Preantas Gàidhlig; taiceachadh Eadar-nàiseanachadh agus obair na Buidhne Comhairleachaidh Tbh. Bha buill riaraichte le na h-iomairtean trèanaidh air fad.

9. **FilmG**

Bha pàipear agus aithisg air beulaibh bhall agus chaidh deasbad a chumail.

Chaidh ìre àrd na co-fharpais a chomharrachadh, le filmichean le cuspairean duilich, onarach, cumhachdach le sgilean gearraidih, sgrìobhaidh agus teicnigeach air an taisbeanadh. Bha aonta ann gu robh filmichean na bliadhna seo aig an ìre as àirde a bha iad a-riamh, a thuilleadh gu robh fàs air a bhith sna h-àireamhan de dh'fhilmichean. Bha oidhche nan duaisean cho brosnachail le daoine òga cho misneachail a' bruidhinn Gàidhlig air an àrd ùrlar. Chaidh moladh a dhèanamh air gu robh grunnan filmichean air nochdad bho dhaoine air an ceann fhèin/gu neo-eisimeileach.

Chaidh innse gu robh TG4 a' coimhead ri pàirt a ghabhail ann am farpais Unesco CIAK 2019 agus chaidh a chomharrachadh gun deigheadh coimhead air am biodh e iomchaidh do FilmG. (Gníomh: IMT)

Chaidh còmhradh a chumail mu cho cudromach 's a bha e gum biodh cuid de na filmichean a' nochdad air BBC ALBA.

Chaidh obair Cànan a chomharrachadh agus thèid còmhradh a chumail leotha gus faicinn ciamar a gheibhar air togail air fior dheagh obair na bliadhna seo airson na h-ath bhliadhna. Chaidh taing agus moladh na Comataidh a bhualeachadh air obair gach neach a tha an sàs sa cho-fharpais.

Chaidh taing airson agus moladh a thoirt don aithisg fiosraichte agus air a dheagh sgrìobhadh a bha air beulaibh bhall.

10. **Aithisgean Dèanadais Q3 2018/18**

Pasgan Air-loidhne – chaidh seo a chomharrachadh.

11. **GISBE**

Cha robh gin.

Ainm sgrìobhте a' Chathraiche:

Deit: